

Tìotal: Meadhanan Sòisealta Pàirt 2: Netiquette

Ìre: TREAS/CEATHRAMH



Ceanglan CfE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
<p>Tha mi a’ tuigsinn gum faod cumhachd a bhith an taobh a-staigh dhàimhean agus gum faod sin a bhith air a chleachdadh ann an dòigh mhath cho math ri dòigh dhona. HWB 3-45a</p> <p>Tha fios agam gum faod cultar cumanta an latha an-diugh, na meadhanan agus beachdan mo cho-aoisean buaidh a thoirt air mar a tha mi a’ faireachdainn mum dheidhinn fhìn agus a’ bhuaidh a dh’fhaodas a bhith aig seo air mo dhol-a-mach. HWB3-46b</p> <p>Tha mi a’ leasachadh sgilean airson tighinn gu co-dhùnaidhean mu na dàimhean agam agus mo ghiùlan gnèitheasach. Is urrainn dhomh iad sin a chur an sàs ann an suidheachaidhean a dh’fhaodadh a bhith dùbhlach no duilich. HWB 3-46c</p> <p>Tha mi a’ beachdachadh air mar a bheir mo bheachdan, chreideas, luachan is moraltachd buaidh air mo co-dhùnaidhean mu chàirdeas, dhàimhean is dhol-a-mach ghnèitheasach. HWB 3-46a</p> <p>Tha fios agam far am faigh mi taic agus cuideachadh le suidheachaidhean sa bheil droch-dhìol agus tha mi a’ tuigsinn gu bheil laghan ann a tha gam dhìon bho dhiofar sheòrsaichean droch-dhìol. HWB3-49b</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Ag aithneachadh agus a’ mìneachadh buaidh nam meadhanan, a’ gabhail a-steach mheadhanan sòisealta agus pòrnografaidh air fèin-mhisneachd agus ruighinn co-dhùnaidhean. • Fios agus eòlas air dè bu chòir dhaibh a dhèanamh ann an suidheachadh droch-dhìol no giùlan mì-fhreagarrach feiseil, mar eisimpleir, a’ toirt dhàimhean mì-fhallain gu crìch, taic ionadail, am poileas. • A’ toirt iomradh air buaidh mì-chothromachd cumhachd ann an dàimhean, dàimhean feiseil nam measg, mar eisimpleir, aonta, fòirneadh, uallach airson rudan a nì iad agus co-dhùnaidhean. • A’ sealltainn nan sgilean a dh’fheumar airson seasamh an aghaidh ghnàth-ìomhaighean sna meadhanan, a’ gabhail a-steach mheadhanan sòisealta, mar eisimpleir, misneachd, breithneachadh.

Amasan ionnsachaidh

- Gum bruidhinn daoine’ òga air na bhios iad ris air-loidhne
- Gun smaoinich daoine’ òga air a’ bhuaidh a bhios aig cultar agus na meadhanan orra.
- Gun aithne do dhaoine’ òga càit am faigh iad fiosrachadh agus taic.

Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- ‘S urrainn dhomh cunntas a thoirt air na bhios mi a’ dèanamh air-loidhne
- ‘S urrainn dhomh meòrachadh air mo ghiùlan fhèin agus na nì mi air-loidhne.
- ‘S urrainn dhomh meòrachadh air buannachdan agus cunnart a thaobh a bhith air-loidhne.
- Tha dòighean agam san dèilig mi ri suidheachaidhean a bhios a’ cur dragh orm.
- ‘S urrainn dhomh innse cò thuige no càit’ an tèid ma tha ceist agam no iomagain orm.

Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- Pàipear/pinn
- Bileag *Internet Manners* airson a sgaoileadh

- *Trouser Boy* (faid 2 mhion. 9): <https://vimeo.com/231619730>
- *Promise* (faid 2 mhion 36) bho PDST Technology in Education air Vimeo aig <https://vimeo.com/58617678>

Ma tha sibh an dùil làrach-lìn mar YouTube a chleachdadh, cuiribh a' bhidio air dòigh ro-làimh, dèanaibh cinnteach gur e am film ceart a th' ann agus leumaibh seachad air na sanasan.

Obair

1. Tòisich le beagan coimhead air ais air obair an t-seisein mu dheireadh. An uair sin lean ort le mìneachadh. San t-seisean seo bidh sinn a' smaoinichadh mun ghiùlan againn air-loidhne. 'S e *netiquette* am facal a bhios sinn a' cleachdadh; 's e giorrachadh a th' ann de internet etiquette, agus is e an seata riaghailtean a th' ann a tha a' stiùireadh mar bu chòir do dhaoine conaltradh agus iad fhèin a ghiùlan air-loidhne. Air an t-slaighd:

Netiquette, an seata riaghailtean mu ar giùlan air-loidhne.

2. **Na dèan seo ...** Ag obair ann am buidhnean beaga, iarr air na daoine òga bruidhinn ri chèile mu rudan a bhios daoine a' dèanamh air-loidhne nach eil a' còrdadh riutha. Daingnich an seo gu bheil e cudromach gum bi iad a' bruidhinn mu dhaoine san fharsaingeachd gun a bhith ag ainmeachadh neach sam bith no ag innse rud a chuireadh dragh air neach no a dh'fhàgadh iad troimh-a-chèile. An uair sin thoir fios-air-ais agus broснаich còmhraidh – tarraing aire gu cuspairean a tha a' tighinn suas tric.
3. Faighnich dhan bhuidheann: A bheil fios agaibh cò chruthaich an t-eadar-lìon agus cuin? Cleachd an slaighd:

Cò chruthaich an t-eadar-lìon?

Bidh beachdan aig tòrr dhaoine a thig gu buil, ach ...

Bha Vincent Cerf agus Robert Kahn a' sgrìobhadh mun bhun-bheachd ann an 1973.

Ann an 1991 thug Tim Berners-Lee a-steach an www air a bheil sinn air fad eòlach.

Chaidh a' chiad làrach-lìn a chruthachadh ann an 1991.

Mìnich nach b' urrainn fios a bhith aig na daoine seo air mar a bhiodh sinne a' cleachdadh an eadar-lìn nuair a chruthaich iad e an toiseach. Mar sin cha do rinn iad riaghailtean sam bith mu dheidhinn. Bha iad airson gum biodh e an-asgaidh agus gum biodh cead aig a h-uile duine air. Mar sin feumaidh sinn dòighean cleachdaidh agus giùlan obrachadh a-mach dhuinn fhèin.

4. **Tha modh agus beusan cudromach. Dè thathas an dùil ris san àbhaist?** Seall an slaighd. Mus tòisich a' bhuidheann air smaoinichadh mu ar giùlan air-loidhne mol gun smaoinich iad air rudan a tha freagarrach agus mì-fhreagarrach ann an suidheachaidhean sòisealta. Brosnaich deasbad ann am buidhnean beaga agus an uair sin faigh fios-air-ais agus broснаich tuilleadh còmhraidh. 'S dòcha gum bi cothrom an seo bruidhinn air na tha eadar-dhealaichte eadar cultaran, eadar eòlasan nan daoine òga agus an giùlan a thaobh na tha 'àbhaisteach', no a thaobh buaidh co-theacsa air ar giùlan sòisealta

Ma tha e na bhuannachd dhan luchd-ionnsachaidh agad, dh'fhaodadh tu iad seo a chleachdadh:

- Tha thu air bus trang. Chan eil suidheachain air fhàgail 's tha neach nas sine a' tighinn air bòrd a' tarraing bhagaichean. Dè bhios tu a' dèanamh?

- Tha an fhèideag mu dheireadh ga sèideadh. Chàill an sgioba agad a' chuairt dheireannach (dhen spòrs a bhios tu a' cluich) Dè bhios tu a' dèanamh?
- Tha thu san taigh-dhealbh. Tha am fòn agad nad phòca 's tha i a' seirm/ a' criothnachadh. Dè bhios tu a' dèanamh?
- Tha thu ann am bùth thrang, tha thu a' bualadh ann an cuideigin le tubaist. Dè bhios tu a' dèanamh?
- Tha thu a' fàgail na sgoile/a' bhùth agus a' coiseachd tron doras, tha thu a' faicinn cuideigin a' tighinn às do dhèidh. Dè bhios tu a' dèanamh?
- Tha agad ri bhith aig an fhiacclair/an dotair aig uair àraid ach tha thu air dheireadh. Dè bhios tu a' dèanamh?

5. **Netiquette: Ciamar a bhios tu gad ghiùlan fhèin air-loidhne?** Cuir a' cheist, mìnich gur e an dùbhlán, gu bheil aca ri obrachadh còmhla gus riaghailtean a sgrìobhadh do dhaoine a bhios aca nuair a tha iad a' cleachdadh an eadar-lìn/meadhanan soisealta – netiquette. Tòisich leis na daoine' òga ann an dithisean, an uair sin gluais gu 4 agus iarr orra deasachadh a dhèanamh airson 's nach bi aca ach 10 riaghailtean. An uair sin, tha aig gach buidheann ris na riaghailtean aca innse do chàch. Dèan deasbad: A bheil neach sam bith ag iarraidh tuilleadh mìneachaidh bho bhuidheann sam bith? A bheil na h-aon bheachdan a' nochdadh eadar bhuidhnean?
6. **Priont/Sgaoil an infographic Internet Matters.** Iarr air na daoine' òga coimhead air an diagram ri taobh nam beachdan aca fhèin. A bheil sìon a dhìth (no rud ùr) an coimeas ri beachdan a' bhuidhinn? Ann a bhith a' toirt nan còmhraidhean gu crìch, daingnich gu bheil e an urra rinn uile a bhith cho math 's as urrainn dhuinn mar dhaoine air-loidhne, dìreach mar a bu chòir dhuinn a bhith anns gach raon der beatha.
7. Airson a' phàirt mu dheireadh dhen leasan **2 fhilm.**
- Tha a' chiad fhilm air a dhèanamh le daoine' òga, mu mar a dh'fhaodas cuid de dhaoine' a bhith gan giùlan fhèin air-loidhne agus mu na bhios a' tachairt mura lean sinn cuid de riaghailtean nuair a tha sinn air-loidhne. **Trouser Boy** <https://vimeo.com/231619730> Brosnaich deasbad agus faigh beachdan mun fhilm.
 - Airson crìochnachadh, chaidh an dàrna film a dhèanamh ann an Èirinn, tha e a' moladh an eadar-lìn mar rud làn chothroman, ach ag innse gur e àite a th' ann cuideachd far am faod daoine burraidheachd fhulang. Tha e ag iarraidh air gach neach òg a bhith gan giùlan fhèin mar as fheàrr as urrainn dhaibh air-loidhne. **Promise** bho PDST Technology in Education air Vimeo aig <https://vimeo.com/58617678>
 - Crìochnaich le fiosrachadh mu ChildLine gus daingneachadh gu bheil fios aig daoine' òga far am faigh iad comhairle no taic – agus cuir nan cuimhne gu bheil thusa cuideachd ann dhaibh.

Beachdan eile

- Dh'fhaodadh daoine' òga obrachadh thar roinnean san sgoil/cholaiste airson stuthan meadhanan soisealta/film a dhèanamh mu na beachdan deimhinneach aca fhèin mu bhith air-loidhne.
- **Respect me** <https://respectme.org.uk/> 'S e seo seirbheis Albannach a tha a' cur an aghaidh burraidheachd le fiosrachadh agus taic do sgoiltean, buidhnean coimhearsnachd, daoine' òga agus pàrantan/luchd-cùraim.

Chaidh am film *Promise*, agus filmichean a thathas a' cleachdadh san ath leasan, a chruthachadh mar phàirt de Webwise, an t-Ionad Èireannach airson sàbhailteachd air an eadar-lìn a tha air a mhaoinachadh le Roinn an Fhoghlaim agus Sgilean an Aonaidh Eòrpaich. E: internetsafety@pdst.ie Tha goireasan rim faighinn air-loidhne airson tuilleadh ionnsachadh mun seo: <https://www.webwise.ie/lockers/>

Ceangal ris an dachaigh

Tha teacsa an cois leasan 3.9.1

Tha goireasan ionnsachaidh eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan curraicealaim RSHP seo:

- Mise air-loidhne
- A' sgaoileadh ìomhaighean gu càch a-chèile

Nòtaichean Tidseir

